



Tìotal: Feisealachd Dhaoine agus Còraichean Feiseil
Pàirt 1: Bun-bheachd chòraichean feiseil (a’ gabhail a-steach FGM)

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan Cfe

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a’ tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus a bhith air a chleachdadh gu deimhinneach cho math ri àicheil. HWB 4-45a</p> <p>Tha mi mothachail air a bhith a’ toirt spèis do dh’àite agus crìochan pearsanta agus ’s urrainn dhomh conaltradh ann an dòigh briathrail ’s neo-bhriathrail agus freagairt ann an dòigh iomchaidh. HWB 4-45b</p> <p>Tha fios agam mar a làimhsicheas mi suidheachaidhean a thaobh mo shlàinte ’s mo shunnd gnèitheasaich agus tha mi ag ionnsachadh a bhith a’ tuigsinn dè th’ ann an giùlan gnèitheasach iomchaidh. HWB 4-49a</p> <p>Tha fios agam mar a gheibh mi seirbheisean, fiosrachadh agus taic ma bhios mo shlàinte agus mo shunnd ghnèitheasach ann an cunnart. Tha mi mothachail air mo chòraichean a thaobh slàinte ghnèitheasach, a’ gabhail a-steach mo chòir air dìomhaireachd, agus air mo dhleastanasan, a’ gabhail a-steach dhleastanasan fon lagh. HWB 4-48a</p> <p>Tha fios agam far am faighear taic agus cuideachadh le suidheachaidhean sa bheil droch-dhìol, agus tha mi a’ tuigsinn gu bheil laghan ann a tha gam dhìon bho dhiofar sheòrsaichean droch-dhìol. HWB 4-49b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A’ dèanamh sgaradh eadar mì-chothromachd cumhachd agus mì-chleachdadh cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir spèis, earbsa, fòirneadh, aonta. • Eòlach air na sgilean conaltraidh a dh’fheumar airson feise shàbhailte agus thlachdmhor, mar eisimpleir ag aithneachadh nuair a tha an t-àm freagarrach, cùram co-rèireach airson stad a chur air leatromachadh nach eilear ag iarraidh, cleachdadh casg-ghin, misneachd a thaobh stad a chur air suathadh feseil gun iarraidh. • A’ sealltainn tuigse dhen taic a tha ri fhaighinn agus agus reachdas làithreach co-cheangailte ri diofar sheòraichean de dhroch dhìol, mar eisimpleir, lotadh gineamhainn bhoireannach, droch-dhìol san dachaigh, grumadh, dubh-shaothrachadh fheiseil chloinne.

Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig daoine’ òga gu bheil sinn gu lèir nar creutairean feiseil.
- Gun leasaich daoine’ òga tuigse fharsaing gu bheil ar feisealachd mu fhaireachdainnean, smuaintean, nòiseanan agus giùlan feiseil.
- Gun tuig daoine’ òga bun-bheachd chòraichean feiseil.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha fios agam gu bheil m' fheisealachd mu na faireachdainnean, na smuaintean, 's na nòiseanan agam agus mum ghiùlan.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu mo chòraichean feiseil a' gabhail a-steach mo chòir air dàimhean pearsanta agus dlùth a tha fallain, toilichte agus sàbhailte.
- Tha fios agam far am faigh mi fiosrachadh, cuideachadh agus taic ma tha e a dhìth orm.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Prop/Cairtean airson an obair buidhne: *A bheil gnothach aig na gnìomhan seo ri feisealachd dhaoine?*
- Sara's story (faid 5 mion. 53) <https://www.fgmaware.org/>

Obair

1. Inns gum bi an seisean seo ag iarraidh air daoine òga smaoinichadh mu dhà bheachd mhòr – Feisealachd Dhaoine agus Còraichean Feiseil. Tòisich leis an t-slaighd.

'S e creutairean feiseil a th' annainn uile – chan eil seo a' ciallachadh gu bheil sinn gu lèir ri feise. Dh'fhaodar a ràdh mar seo: 'S e rud a tha sinn a' faireachdainn a th' ann am Feisealachd, rudeigin a tha sinn a' dèanamh, a tha beò annainn fhìn.

Èist ri ceistean sam bith, ciad bheachdan, an uair sin seall a' chiad shlaighd:

Tha **feisealachd** mu na faireachdainnean feiseil againn, na smuaintean, nòiseanan agus ar giùlan ri daoine eile. Faodaidh nòisean a bhith againn air daoine eile ann an dòigh a tha fiosaigeach, feiseil no faireachail. Tha na rudan sin gu lèir nam pàirt dhen feisealachd againn.

2. Tha an ath shlaighd a' sealltainn gum faod neach an taobhadh feise aca a shònrachadh mar a thogras iad. Gabhaidh a chleachdadh airson spèis a bhrosnachadh mun dòigh sa bheil daoine gan aithneachadh fhèin. 'S dòcha gum bi daoine òga airson barrachd deasbaid a dhèanamh mun seo, teirmean eile a thoirt a-steach no bruidhinn mu na tha teirmean a' ciallachadh (faic an nòta aig deireadh a' phlana seo).

'S e na teirmean as cumanta a chluinneas tu aig daoine nuair a tha iad a' bruidhinn mun feisealachd aca, eile-sheòrsach, leisbeach, gèidh no dà-sheòrsach. Ach tha dòighean eile ann a bhios daoine a' cleachdadh airson a chur an cèill – mar eisimpleir 's dòcha gun cuala tu daoine ag ràdh gu bheil iad neo-sheòrsach no pan-sheòrsach. 'S e tha cudromach cuimhneachadh a bhith spèiseil do thaghadh dhaoine nuair a tha iad a' cur am feisealachd a cèill.

3. Inns dha na daoine òga gu bheil an obair buidhne seo airson cuideachadh a' smaoinichadh mu dheidhinn seo: A bheil gnothach sam bith aig na gnìomhan sin ri feisealachd dhaoine? Mìnich gu bheil tòrr rudan eadar-dhealaichte air na cairtean – tha aca rin seòrsachadh ann an 3 pìlichean (a' cumail cuimhne air mìneachadh feisealachd): Tha seo mu feisealachd/chan eil seo mu feisealachd/Chan eil mi cinnteach. Cleachd fios air ais gus beachdan a sgrùdadh, a' toirt spèis do dhiofar bheachdan mar a tha sibh a' dol air adhart, a' gabhail ris gum faod cuid de mìneachaidhean tòiseachadh le “uill, tha sin a rèir...”

A' coimhead film
Nòisean a bhith agad
air cuideigin
A' faireachdainn math
mud dheidhinn fhèin
Ag argamaid
Ag òl deoch-làidir
A bhith trom
A' cur romhad gun a
bhith ri feise

A' cleachdadh
chondoman
A bhith leisbeach,
gèidh no dà-sheòrsach
A bhith eile-sheòrsach
A bhith trans
A' pògadh
A' gabhail fras
Fèin-bhrodadh
A' seinn
A' dràibheadh càr

A' cleachdadh casg-gin
A' pòsadh
Ag òl cofaidh
A' dannsa
Ag ithe teòclaid
A' gabhail na grèine
A' dol dhan sgoil
A' dol chun an fhiacclair
A' cudaileadh
A' dol dhan gym
Caraidean a bhith agad

4. **A' toirt a-steach chòraichean feiseil:** An dèidh smaoinichadh mu na tha sinn a' ciallachadh le feisealachd, thoir a-steach an teirm còraichean feise. Can gum bi fios aig an na daoine òga mu chòraichean daonna, agus gum buin còraichean daonna do gach pàiste, neach òg agus inbheach. (An urrainn do dhuine sam bith dad a ràdh mu na còraichean a th' aca?) Nuair a thig e gu feisealachd, tha còraichean ann cuideachd dhan h-uile duine - canar còraichean feise riutha seo - cleachd an slaighd.

Tha **Còraichean feiseil** a' buntainn ri feisealachd, taobhadh feise agus fallaineachd feise neach. Tha còraichean feise, bhon a tha iad nan còraichean daonna, a' buntainn ris a h-uile neach.

5. Inns gu bheil slaighdean agad a dh'innseas dha na daoine òga mu na còraichean feiseil aca, agus gu bheil **10 phrìomh chòraichean feiseil** ann. Cuidichidh na slaighdean le bhith a' mìneachadh na tha na còraichean feiseil sin a' ciallachadh dhaibhsan mar dhaoine òga. Airson gach fear faighnich dha na daoine òga: *A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil a' chòir sin agaibhse bho latha gu latha?* Faodaidh iad òrdag suas, òrdag sìos no sa mheadhan/mì-chinnteach a chleachdadh. (Tha na còraichean cuideachd air duilleag a dh'fhaodas sibh a thoirt dhaibh.) Faodaidh sibh cuideachd faighneachd: *Ged a tha e cudromach dhan h-uile duine, a bheil thu a' smaoinichadh gu bheil cuid de bhuidhnean ann a tha feumach air dìon a thaobh na còir seo?*

1. **Còir air co-ionannachd:** Tha gach neach air am breith saor agus co-ionann a thaobh uaisleachd agus còraichean. Cha bu chòir do neach sam bith a bhith a' fulang leth-bhreith air sgàth gnè no feisealachd.
2. **Còir air compàirteachadh:** Bu chòir cothrom a bhith aig daoine òga beachd a thoirt air rudan a tha a' toirt buaidh air am beatha. Tha seo a' gabhail a-steach fiosrachadh fallaineachd feise a tha iad a' faighinn, agus na mheasg tha na tha iad ag ionnsachadh san sgoil.
3. **Còir air beatha agus a bhith saor bho chionn:** Cha bu chòir neach sam bith a bhith air a shàrachadh, a ghoirteachadh, a pheanasachadh, a mhalairt no a mharbhadh air sgàth cleachdaidhean feise, dearbh-aithne gnè no giùlan, no mar dhòigh air cliù no urram teaghlach no coimhearsnachd a dhìon.
4. **Còir air dìomhaireachd:** Tha còir aig daoine air dìomhaireachd mun fheisealachd aca; bu chòir dhaibhsan co-dhùnadh a dhèanamh ma tha iad airson fiosrachadh mun deidhnn fhèin a sgaoileadh.
5. **Còir air fèin-riaghladh pearsanta agus air a bhith aithnichte mar neach fa leth san lagh:** Tha còir aig daoine òga air co-dhùnaidhean a ruighinn a thaobh am feisealachd. Tha iad saor sgrùdadh a dhèanamh air an fheisealachd aca ann an dòighean sàbhailte agus tlachdmhor, fhad 's nach eil sin a' buntainn ri còraichean neach eile.
6. **Còir smaoinichadh agus thu fhèin a chur an cèill gu saor-thoileach.** Tha còir aig daoine òga am feisealachd a sgrùdadh agus bu chòir gum faod aislingean agus fantasachd a bhith aca, agus gum faod iad am feisealachd a chur an cèill gun iomagain, nàire no ciont, aig an aon àm a' toirt spèis do chòraichean dhaoine eile.
7. **Còir air slàinte:** Tha còir aig gach neach òg air an t-slàinte fhiosaigeach agus fhaireachail agus an sunnd as fheàrr agus air dìon bho rud sam bith a dh'fhaodadh cron a dhèanamh air an slàinte, a' gabhail a-steach slàinte fheiseil.

8. **Còir air fios agus ionnsachadh:** Tha còir aig gach neach òg air foghlam agus ionnsachadh, a' gabhail a-steach foghlam coitcheann, mothachail do ghnè agus foghlam feiseil stèidhichte air còraichean, san sgoil agus an taobh a-muigh dhen sgoil.
9. **Còir air pòsadh no clann a bhith aca:** Tha còir aig gach neach òg taghadh cuin, ciamar agus cò phòsas iad, ma phòsas iad idir, agus clann a bhith aca ann an suidheachadh a tha mothachail do dhiofar sheòrsaichean theaghlach. Cha bu chòir do neach sam bith a bhith fo chuideam pòsadh no pòsadh nuair a tha iad nam pàiste.
10. **Còir gum bi do chòraichean air an cumail suas:** Bu chòir do riaghaltasan còraichean feiseil dhaoin' òga a choileanadh, a dhìon agus spèis a shealltainn dhaibh.
(Ma leanas deasbad: Tha spèis a' ciallachadh gun a bhith a' gabhail turas gu dìreach no gu neo-dhìreach ri còraichean dhaoin' òga. Tha dìon a' ciallachadh ceumannan a ghabhail gus casg a chur air daoine eile bho bhith a' gabhail turas ri còraichean daonna dhaoine òga. Tha Coileanadh a' ciallachadh gabhail ri laghan, poileasaidhean agus prògraman a leigeas le daoine òga na còraichean feiseil aca a thoirt gu buil.)

6. **Còraichean air am briseadh/FGM:** Bhon a tha an clas a' bruidhinn mu chòraichean feiseil, tha e cudromach smaoinich mu na dòighean san gabh na còraichean sin a bhriseadh. Inns gur e fear de na h-eisimpleirean a chluinneas iad mu dheidhinn milleadh buill-ghineamainn nam ban (FGM). Faigh a-mach an toiseach an cuala iad guth air FGM. Seall an slaighd:

Milleadh buill-ghineamhainn nam ban (Female Genital Mutilation - FGM)

'S e droch-dhìol air nigheanan a th' ann am milleadh buill-ghineamainn nam ban. Tha e a' ciallachadh gum bi buill-ghineamhainn nigheanan air an gearradh airson an toirt air falbh no an atharrachadh ann an diofar dhòighean.

Faodaidh nigheanan cuideam fhaireachdainn gabhail ri milleadh buill-ghineamainn nam ban, gu h-àraid ma chaidh a dhèanamh air boireannaich eile san teaghlach.

'S e cleachdadh cràiteach agus cunnartach a th' ann.

Tha e an aghaidh an lagh ann an Alba agus air fhaicinn mar sheòrsa de dhroch-dhìol chloinne.

Tha boireannaich agus fireannaich air feadh an t-saoghail ag iomairt gus stad a chur air FGM.

7. A-nis coimheadaibh **Sara's story** (faid 5 mion. 53) <https://www.fgmaware.org/> 'S e seo sgeulachd boireannaich a chaidh a gearradh nuair a bha i na pàiste, agus a tha air tighinn a dh'Alba agus aig a bheil teaghlach an seo.
8. Ann a bhith a' bruidhinn air sgeulachd Sara agus eòlas air FGM, iarr air na daoine òga smaoinich mu na còraichean feiseil a thathar a' briseadh leis a' chleachdadh seo. Às dèidh còmhraidh sam bith, mìnich do dhaoine òga ma tha dragh orra mu FGM gum bu chòir dhaibh bruidhinn ri inbheach earbsach; dh'fhaite gur tusa a bhiodh an seo, ach faodaidh iad cuideachd fiosrachadh fhaighinn air ChildLine agus faodaidh iad bruidhinn ri cuideigin ann an dìomhaireachd an sin. Sgaoil duilleag ChildLine nuair a tha thu a' bruidhinn. <https://www.childline.org.uk/info-advice/bullying-abuse-safety/abuse-safety/female-circumcision-fgm-cutting/>
Cleachd an slaighd seo:

FGM

Ma tha dragh ort gum faodadh tu bhith ann an cunnart bho FGM san àm ri teachd, bruidhinn ri inbheach earbsach, mar thidsear san sgoil, no dotair. Ma tha cunnart ann gum

bi thu air do ghearradh a dh'aithghearr no gun tèid do thoirt a null-thairis airson 's gun tachair seo, faodaidh tu fios a chur chun a' phoileas (air 999).

9. Crìochnaich leis an t-slaighd seo (bhon bhuidheann The International Planned Parenthood Federation) agus mìnich gum bi thu a' togail air a' chòmhradh seo san ath chlas/choinneamh: Feumaidh sinn gabhail ris – tha daoine òg feiseil. Tha feumalachdan feiseil, aislingean agus miannan againn. Ach tha tòrr cheistean againn cuideachd agus mì-chinnt. Tha e cudromach do dhaoine òga air feadh an t-saoghail gum faigh iad cothrom sgrùdadh a dhèanamh, eòlas fhaighinn agus ar feisealachd a chur an cèill ann an dòighean deimhinneach, tlachdmhor agus sàbhailte. Cha thachair seo ach ma tha na còraichean feiseil againn air an dìon.

Nòta:

Tha **Neo-sheòrsach** a' ciallachadh neach aig nach eil miann feise air daoine eile. Faodaidh dàimhean gaolach, romansach no dlùth fhathast a bhith aig neach a tha neo-sheòrsach ri daoine eile.

Tha **Pan-sheòrsach** a' ciallachadh neach aig a bheil nòisean no miann feise (romansach, faireachail no feiseil) air daoine ge bith dè an gnè. Bidh cuid de dhaoine pan-sheòrsach ag ràdh nuair a tha iad a-mach air miann-feise nach eil iad a' faicinn gnè no nach eil e gu diofar dhaibh.

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh gu pàrantan agus luchd-cùraim mun t-sreath leasan seo.

Mar phàirt den ionnsachadh againn mu dhàimhean, fallaineachd feise agus pàrantachd, bidh sinn a' sgrùdadh dè a th' ann am feisealachd dhaonna agus cuideachd bun-bheachd chòraichean feiseil. Tha an teirm feisealachd dhaonna a' cuideachadh dhaoine' òga gu tuigsinn gur e creutairean feiseil a th' annainn uile; chan e an aon rud ri bhith ri feise a tha seo ach tha an teirm gar cuideachadh a' leasachadh tuigse fharsaing gu bheil ar feisealachd mu fhaireachdainnean feiseil, smuaintean, nòiseanan agus giùlan. Bidh sinn cuideachd an uair sin a' bruidhinn mu chòraichean feiseil oir tha seo a' cuideachadh dhaoine' òga gu beachdachadh air na bu chòir dhaibh a bhith a' dùileachadh (agus mar a bu chòir dhaibh a bhith gan giùlan fhèin le daoine eile) nan dàimhean fhèin. Mar eisimpleir ann an ionnsachadh mu bhriseadh chòraichean feise agus còraichean daonna, ionnsaichidh sinn mu dheidhinn milleadh buill-ghineamain nam ban (FGM).

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- A' tagradh ar còraichean feiseil (no a' seasamh suas airson)

Tuilleadh mu FGM

- 'S urrainn dhuibh tuilleadh obair a dhèanamh air FGM le cuideachadh bho na stuthan seo <https://www.fgmaware.org/work-with-children-and-young-people.html>
- Tha Sgeulachd Hada cuideachd am measg stuthan Childline – faodaidh na daoine' òga a leughadh a-rithist: <https://www.childline.org.uk/get-involved/real-life-stories/fgm-hadas-story/>
- Ma tha dragh ort mar thidsear/neach-foghlaim mu chuideigin a tha ann an cunnart FGM no air an deach FGM a dhèanamh, feumaidh tu am fiosrachadh seo a chur chun an oifigeir Dìon Chloinne ainmichte agad/àrd neach-obrach. Tha tuilleadh fiosrachaidh do thidsearan/luchd-foghlaim an seo:
- Stiùireadh Riaghaltas na h-Alba air FGM: <https://beta.gov.scot/policies/violence-against-women-and-girls/female-genital-mutilation-fgm/>
- 'S e buidheann a th' ann an FGM aware a tha a' libhrigeadh ghoireasan a chuidicheas le seasamh an aghaidh FGM ann an Alba <https://www.fgmaware.org/>
- Fiosrachadh mu FGM bho NSPCC (FGM) <https://www.nspcc.org.uk/preventing-abuse/child-abuse-and-neglect/female-genital-mutilation-fgm/preventing-protecting/>

Nòtaichean Tidseir

